

A' CLÀRADH COM-PÀIRTEACHAS CATHARRA ANN AN ALBA

- Fon Lagh feumaidh gach pàirtiche ann an com-pàirteachas catharra an Alba foirmean-rabhaidh a chur gu neach-clàraidh na sgìre sam bi an com-pàirteachas catharra air a chlàradh ag innse dha gu bheil iad am beachd com-pàirteachas catharra a chlàradh.
 - Gheibhear foirmean airson rabhadh a thoirt seachad bho neach-clàraidh breith msaa ann an Alba no bho làrach-lìn Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba aig www.gro-scotland.gov.uk.
 - Feumar rabhadh a thoirt taobh a-staigh nan trì mìosan ro cheann-là a' chom-pàirteachas catharra san amharc agus gun a bhith nas fhaide na 15 làithean ron cheann-là sin.
-

Tha a' bhileag seo a' toirt fiosrachadh coitcheann a-mhàin agus cha bu chòir fhaicinn mar aithris iomlan agus reachdach den lagh. Ma tha thu mì-chinnteach, an dèidh a leughadh, bu chòir dhut comhairle iarraidh air neach-clàraidh breith msaa. sam bith ann an Alba no bhon luchd-obrach ann an Earrann Pòsaidh/Com-pàirteachais Catharra an Neach-clàraidh Coitcheann, Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba (GROS), Taigh Ùr a' Chlàraidh, Dùn Èideann EH1 3YT.

CÒ DH'FHAODAS COM-PÀIRTEACHAS CATHARRA A CHLÀRADH AN ALBA

Faodaidh dithis sam bith, ge b' e air bith càit a bheil iad a' fuireach, com-pàirteachas catharra a chlàradh an Alba fhad 's:

- a tha gach duine co-dhiù 16 bliadhna a dh'aois air an latha a tha iad ag iarraidh an com-pàirteachas catharra aca a chlàradh.
- nach eil iad càirdeach dha chèile ann an dòigh a chuireadh bacadh orra bho chlàradh an com-pàirteachas catharra (faic an liosta aig deireadh na bileige seo).
- a tha an dithis gun phòsadh no gun a bhith clàrte a-cheana mar Chom-pàirtiche Catharra (feumaidh neach sam bith a bha pòsta roimhe no clàrte mar Chom-pàirtiche Catharra pàipearan a shealltainn a' dearbhadh gun tàinig am pòsadh no an Com-pàirteachas Catharra roimhe gu crìch tro bhàs, sgaradh-pòsaidh, neonitheachadh no sgaoileadh).
- a tha iad den aon ghnè.
- a tha iad comasach air tuigsinn dè th' ann an com-pàirteachas catharra agus air aontachadh ris.

FAR AM FAODAR COM-PÀIRTEACHAS CATHARRA A CHLÀRADH

Faodar com-pàirteachas catharra a chlàradh a-mhàin le neach-clàraidh sgìre no iar-neach-clàraidh a fhuair cead bhon Àrd-neach-clàraidh sin a dhèanamh. Faodaidh

an clàradh com-pàirteachas catharra àite a ghabhail an dara cuid ann an oifis clàraidh no àite ceadaichte leis an ùghdarras ionadail. Mar sin, tha e cudromach gun cuir thu fios cho luath 's a ghabhas chun an neach-clàraidh airson na sgìre clàraidh sa bheil thu ag iarraidh do chom-pàirteachas catharra a chlàradh. Gheibhear liosta de luchd-clàraidh air làrach-lìn GROS aig <http://www.gros-scotland.gov.uk/files/reglist.pdf>.

CIAMAR AGUS CUIN A BHEI REAR RABHADH

Gheibh sibh foirm-rabhaidh com-pàirteachas catharra, agus fiosrachadh mu shuimean, bho neach-clàraidh breith msaa sam bith ann an Alba. Anns a' chuid as motha de chùisean gheibhear seòladh an neach-clàraidh ionadail agad san leabhar-fòn. Gheibhear liosta de luchd-clàraidh air làrach-lìn GROS aig <http://www.gros-scotland.gov.uk/files/reglist.pdf>.

- Feumaidh gach pàirtiche rabhadh com-pàirteachas catharra a lìonadh agus a chur a-steach, còmhla ri na sgrìobhainnean a dh'fheumar (faic gu h-ìosal) agus an suim iomchaidh, chun an **neach-clàraidh airson na sgìre sam bi an com-pàirteachas catharra air a chlàradh**.
- Tha an t-àm cudromach. Feumar na rabhaidhean a chur a-steach tràth gu leòr airson gum faigh an neach-clàraidh air dèanamh cinnteach gu bheil sibh saor airson com-pàirteachas catharra a chlàradh. Sa chumantas bu chòir rabhaidhean a bhith ann an làmhnan an neach-clàraidh timcheall air CEITHIR seachdainean ron chlàradh com-pàirteachas catharra ach ma bha aon phàirtiche pòsta no ann an com-pàirteachas catharra roimhe, bu chòir na rabhaidhean a bhith aig an neach-clàraidh SIA seachdainean ro-làimh. 'S e an ùine **as lugha 15 làithean ro cheann-là a' chlàradh com-pàirteachas catharra san amharc**, ach ma dh'fhàgas sibh e cho fada ri seo 's dòcha gum feumar dàil a chur anns a' chlàradh com-pàirteachas catharra agaibh.
- 'S ann an suidheachadh air leth a-mhàin a bheir an t-Àrd-neach-clàraidh ùghdarras airson clàradh com-pàirteachas catharra a dhol air adhart às aonais rabhadh 15 làithean.
- Ged nach fheum gach pàirtiche fa leth a dhol gu oifis an neach-clàraidh airson an rabhadh com-pàirteachas catharra a chur a-steach, 's dòcha gun tèid iarraidh air co-dhiù aon phàirtiche tadhal innte gu pearsanta ro cheann-là clàraidh a' chom-pàirteachais catharra. 'S dòcha gum feumar seo gus an ullachadh leis an neach-clàraidh a chrìochnachadh.
- Feumaidh a h-uile neach a tha a' cur rabhadh a-steach dearbhadh a shoighneadh ag ràdh gu bheil am fiosrachadh a thugadh air an rabhadh ceart. Mar dhìon an-aghaidh clàradh com-pàirteachas catharra aig an aon àm bidh GROS ag iarraidh dearbhadh eile air an fhiosrachadh.
- Iarraidh an neach-clàraidh, ann an cuid de shuidhichidhean, do chead-siubhail dligeach no sgrìobhainn eile fhaicinn gus dearbhadh fhaighinn air do nàiseantachd.

SGRÌOBHAINNEAN A DH'FHEUMAR A SHEALLTAINN

Nuair a bhios tu a' toirt no a' cur foirmean rabhaidh a' chom-pàirteachas catharra chun an neach-clàraidh feumaidh an dithis agaibh na leanas a shealltainn:

- Do theisteanas breith.
- Ma bha thu pòsta no ann an com-pàirteachas catharra clàrte roimhe agus gun robh am pòsadh no com-pàirteachas catharra air a sgaoileadh no air a neonitheachadh, òrdugh sgaradh-pòsaidh no sgaoileadh no neonitheachadh no lethbhreac de dh'òrdugh barrantaichte. Feumaidh òrdugh sgaradh-pòsaidh no fuasglaidh a fhuairidh air taobh a-muigh na h-Alba a bhith iomlan no deireannach - cha ghabhar ri decree nisi.
- Ma tha do chèile no do chom-pàirtiche catharra air bàsachadh, teisteanas bàis a' chèile no a' chom-pàirtiche catharra a bha agad roimhe.
- Ma tha gin de na sgrìobhainnean sin ann an cànan eile seach Beurla feumar eadar-theangachadh barrantaichte gu Beurla a shealltainn cuideachd.
- Na dèan dàil a' toirt rabhadh dìreach ma thu a' feitheamh gus am faigh thu gin sam bith de na sgrìobhainnean air an ainmeachadh gu h-àird. Ma bhios e a' tighinn faisg air an àm tha e nas fheàrr rabhadh a thoirt an-toiseach agus na sgrìobhainnean a chur chun an neach-clàraidh nuair a gheibhear iad; ach feumaidh iad a bhith aig an neach-clàraidh ron chlàradh com-pàirteachas catharra. Cho fad 's a tha na sgrìobhainnean ann an òrdugh faodaidh an clàradh com-pàirteachas catharra a dhol air adhart mar a bha dùil.

Ma tha thu umhail do smachdan in-imrich 's dòcha gum feum thu pàipearan eile a shealltainn a bharrachd air na tha air am mìneachadh gu h-àird. Mur eil thu cinnteach dè tha air iarraidh, no ma dh'fheumas tu tuilleadh fiosrachaidh, bu chòir dhut bruidhinn ris an neach-clàraidh no sgrìobhadh gu GROS aig an t-seòladh aig toiseach na bileige seo.

AG ULLACHADH AIRSON A' CHLÀRADH COM-PÀIRTEACHAS CATHARRA

Tha e cudromach ullachadh a dhèanamh tràth airson ceann-là agus uair a' chlàradh com-pàirteachas catharra agad.

- Dèan ullachadh ro-làimh leis an neach-clàraidh. Tha seo gu sònraichte cudromach ma tha an clàradh com-pàirteachas catharra gu bhith ann an oifis clàraidh no ann an àite ceadaichte ann am bailtean agus cathair-bhailtean, far am faodadh àireamhan mòra de dhaoine a bhith ag iarraidh com-pàirteachasan catharra a chlàradh aig amannan àraidh den bhliadhna.
- Dèan ullachadh airson dithis dhaoine, aois 16 bliadhna no nas sine, a bhith an làthair aig a' chlàradh com-pàirteachas catharra agaibh mar fhianaisean.
- Dèan cinnteach gun innis thu don neach-clàraidh ma dh'atharraicheas sibh ur planaichean no ma cho-dhùineas sibh ur clàradh com-pàirteachas catharra a chur dheth.

AN CLÀR COM-PÀIRTEACHAS CATHARRA

Nuair a tha an neach-clàraidh riarichte nach eil gearan laghail ris a' chlàradh com-pàirteachas catharra, ullaidh e/i Clàr Com-pàirteachas Catharra bhon fhiosrachadh a thug thu. 'S e sgrìobhainn fìor chudromach a tha anns a' Chlàr - **chan urrainn do chlàradh com-pàirteachas catharra sam bith a dhol air adhart às aonais.**

- Bidh an neach-clàraidh a' toirt leis/leatha an Clàr Com-pàirteachas Catharra.
- Feumaidh gach pàirtiche dearbhadh (cho fad 's is aithne dha) gu bheil am fiosrachadh anns a' chlàradh Com-pàirteachas Catharra ceart. Feumaidh gach pàirtiche, an neach-clàraidh a tha a' clàradh a' chom-pàirteachas catharra agus an dà fhianais an Clàr Com-pàirteachas Catharra a shoighneadh. Às dèidh sin, cleachdaidh an neach-clàraidh an Clàr Com-pàirteachas Catharra gus am fiosrachadh iomchaidh a chur sa chlàr com-pàirteachas catharra aige/aice.
- Bidh suim airson a' chlàradh com-pàirteachas catharra agus, ma bhios sin iomchaidh, airson neach-clàraidh barrantaichte a bhith ann an àite ceadaichte ri phàigheadh don neach-clàraidh ro-làimh.

TEISTEANAS CLÀRADH COM-PÀIRTEACHAS CATHARRA

An dèidh don chom-pàirteachas catharra a bhith clàrte gheibh sibh lethbhric den teisteanas clàradh com-pàirteachas catharra bhon neach-clàraidh ma phàighear an suim iomchaidh.

ÌREAN CÀIRDEIS ANNS A BHEIL CLÀRADH COM-PÀIRTEACHAS CATHARRA MÌ-LAGHAIL

1. Càirdeas na fala

Chan fhaod fireannach a bhith ann an com-pàirteachas catharra le:

Athair

A mhac

A sheanair

Ogha

A bhràthair

Uncail

Mac peathar/bràthar

A shinn-seanair

Iar-ogha

Chan fhaod boireannach a bhith ann an com-pàirteachas catharra le:

A màthair

A nighean

A seanmhair

A h-ogha

A piuthar

A h-antaidh

Nighean peathar/bràthar

A sinn-seanmhair

A h-iar-ogha

2. Càirdeas tro chleamhnas – faic an nòta gu h-ìosal

Chan fhaod fireannach a bhith ann an com-pàirteachas catharra le:

Mac no ogha na mnatha a bha aige roimhe

Mac no ogha na com-pàirtiche catharra a bha aige roimhe

Fear-pòsta a bha aig a màthair no a sheanmhair roimhe

Com-pàirtiche catharra a bha aig athair no a sheanair roimhe

Chan fhaod boireannach a bhith ann an com-pàirteachas catharra le:

Nighean no ogha an fhir a bha pòsta aice roimhe

Nighean no ogha a' chom-pàirtiche catharra a bha aice roimhe

Bean a bha aig a h-athair no a seanair roimhe

Com-pàirtiche catharra a bha aig a màthair no a seanmhair roimhe

3. Càirdeas tro uchd-mhacachd

Chan fhaod fireannach a bhith ann an com-pàirteachas catharra le:

Fear a tha no a bha na athair dha tro uchd-mhacachd

Mac a tha no a bha aige tro uchd-mhacachd

Chan fhaod boireannach a bhith ann an com-pàirteachas catharra le:

Tè a tha no a bha na màthair dhi tro uchd-mhacachd

Nighean a tha no a bha aige tro uchd-mhacachd

Nota:

Feumaidh daoine aig a bheil càirdeas taobh a-staigh nan ìrean anns an liosta aig 2 a bhith 21 bliadhna a dh'aois no nas sine aig àm a' chlàradh com-pàirteachas catharra agus **chan fhaod** an neach as òige, ron 18^{mh} ceann-là aige no aice, **a bhith air fuireach** san aon dachaigh ris an neach eile agus air a thogail leis an neach sin mar bhall den teaghlach.

A thaobh pàirtiche ann an clàradh com-pàirteachas catharra le gnè a thàinig gu bhith na ghnè coisinnite fo Achd Aithneachadh Gnè 2004 bidh iomradh sam bith air bean no duine a bha aig an neach sin roimhe a' gabhail a-steach (airson gach neach fa leth) duine no bean sam bith a bha aig an neach sin roimhe.